

1. So-sheasmhachd | Sustainability

Sgrìobh  - Cò na faclan sa bhogsa seo a tha math don àrainneachd agus cò an fheadhainn nach eil math?

ath-chuairteachadh	connadh fosail	peatrail	lùth-grèine
dì-choillteachadh	ath-choillteachadh	plastaig	tart
lùth-gaoithe	lùth an làin	seasmhachd	ola

FACLAN MATHA

FACLAN NACH EIL MATH

2. Dè dhèanadh feum? | What would help?

Sgrìobh  - Freagair na ceistean seo le d' bheachdan fhèin.

1. An dèanadh daithead le barrachd feòla ann feum dhan àrainneachd?

2. Dè seòrsa daitheid a dhèanadh feum dhan àrainneachd?

3. An dèanadh e cron air an àrainneachd nan cleachdadh barrachd dhaoine càraichean dealain?

4. Dè an rud as motha a dhèanadh cron air an àrainneachd?

5. An dèanadh barrachd plastaig milleadh air an àrainneachd?

3. Ath-chuairteachadh | Recycling

Èist  ris a' chriomaig bhon phrògram-telebhisein **An Lot** air **LearnGaelic.scot** agus leugh an tar-sgrìobhadh: www.learnGaelic.scot/watch/index.jsp?v=an_lot_ep06_02

Sweeny: *Nuair a chì mise cothrom rudeigin a chleachdadh às ùr tha mi a' smaoinreachadh air dòighean sin a dhèanamh. Tha mo nàbaidh, James, gam chuideachadh an-diugh leis an tractar m[h]òr aige na taidhrichean a tha seo a ghluasad dhachaigh. Bhiodh na taidhrichean air an tilgeil às mar sgudal ach tha iad a-nis a' dol a thoirt fasnadh dha na caoraich agamsa. Tha sin a' sàbhaladh dhòmhsa fasnadh a thogail dhaibh agus tha seo cuideachd a' sàbhaladh cìs-sgudail dhan chomhairle. Tha a h-uile duine a' buannachadh.*

Tha daoine a' smaoinreachadh na làithean-sa gur e rud ùr a th' ann a bhith "uaine" agus a bhith a' cleachdadh stuth a-rithist agus a bhith ga ath-chuairteachadh agus a bhith a' feuchainn ris an t-saoghal a shàbhaladh le bhith mar sin. Chan e rud ùr a th' ann idir. Tha daoine air a bhith ga dhèanamh airson bliadhnaichean, airson ginealaichean, airson mìltean de bhliadhnaichean.

Iain: *Tha na taidhirs aige a-staigh ann an sin agus tha e uabhasach math. Cumaidh e fasnadh ann an sin. Faodaidh na caoraich a dhol taobh sam bith dhe na taidhirs agus tha fasnadh math ann.*

Sweeny: *Chanainn-sa gu bheil co-dhiù leth-cheud tunna de sgudal air a bhith air a shàbhaladh dìreach air an aon lot agams'. Chan eil mise cho eadar-dhealaichte bho dhaoine eile. A h-uile croitear eile air a bheil mise eòlach tha an aon fheallsanachd aca-san. Cha bhi iad a' sadail a-mach rudan. Bidh e feumail aig àm air choreigin.*

4. Bu chòir | Should

Sgrìobh  na ceistean airson nam freagairtean seo:

1. _____ ?
Bu chòir! Bu chòir dhut càr ùr dealain fhaighinn.
2. _____ ?
Bu chòir dhut càr dealain a cheannach anns a' bhaile-mhòr.
3. _____ ?
Bu chòir dhut a cheannach leis an airgead a fhuair thu bho d' obair.
4. _____ ?
Bu chòir dhut càr dealain fhaighinn air sgàth 's gu bheil e nas fheàrr don àrainneachd.

5. Tobar an Dualchais | Kist o' Riches

Èist  - ris a' chlàradh seo air Tobar an Dualchais agus leugh an tar-sgrìobhadh: www.tobarandualchais.co.uk/speakgaelic/b1-25-so-sheasmhachd-sustainability

Coinneach: *Cha bu chòir dhuinn a bhith a' tilgeil às dad a tha a' tighinn à seann togalach. Bu chòir dhuinn stòras chlachan a stèidheachadh. An aon rud le seann fhiodh taighe, bu chòir dhuinn a bhith ga chleachdadh a-rithist airson taighean ùra a thogail. Bu chòir do phìosan thogalaichean a bhith air an ceangal ri chèile ann an dòigh a tha e furasta a thoirt às a chèile nuair a tha làithean an togalaich seachad. Bu chòir feum a dhèanamh de chlàimh nan caorach airson ar taighean a dhèanamh blàth no fuar nuair a tha sin iomchaidh. Cuid dhe na beachdan a chuala còrr agus trì fichead duine a bha an làthair aig co-labhairt ann an Steòrnabhagh an-dè agus a' bhòn-dè. Togalaichean agus dachaighean an latha a-màireach agus sin co-cheangailte ris an àrainneachd. Murchadh Moireach, Fear-Stiùiridh Roinn nan Seirbheisean Teicnigeach aig Comhairle nan Eilean a bha sa chathair. Tha e còmhla riumsa sa chathair ann a seo an-dràsta.*

A Mhurchaidh, uill, an do thuig mi an rud a bh' agaibh ceart le bhith a' toirt seachad na h-eisimpleirean ud?

Murchadh: *Thuig gu dearbh, a Choinnich. 'S e an seòrsa rud a tha sinn a' coimhead ris, 's e dè ghabhas dèanamh a thaobh buannachd an t-sluaigh is buannachd an [na h-]àrainneachd, bhon tòrr dhe na rudan a tha sinn air a bhith a' faicinn tro na bliadhnaichean mu dheireadh, gu sònraichte anns an fhichead bliadhna mu dheireadh, seòrsa togalaichean a bhathas ag obair air, bha iad... 's ann a bha iad a' dol ann an dòigh cunnartach nuair a bha iad deiseil. Bha tomhas ann agus gun robh, can, stuth man asbestos annta agus bha e duilich an toirt às a chèile agus bha iad a' cosg tòrr a bharrachd an toirt às a chèile agus a' dèanamh air falbh leis an stuth na bha iomchaidh agus tha sinne a-nis a' coimhead anns an [t-]seiminear a tha seo air dòighean anns am biodh e iomchaidh a bhith a' dol air adhart a' gabhail air bòrd na h-uallaichean bu chòir a bhith oirnn mar shluagh a thaobh na h-àrainneachd.*

Sgrìobh  - Freagair na ceistean seo air an teacsa a leugh thu agus a chuala tu.

1. Ciamar a bu chòir seann fhiodh taighe a bhith gan cleachdadh?

2. Dè an rud a bu chòir dhuinn cleachdadh airson taighean a bhlàthachadh?


3. Cia mheud duine a bha an-làthair aig a' cho-labhairt ann an Steòrnabhagh?

4. Dè an obair a th' aig Murchadh Moireach?

5. Sgrìobh sìos eisimpleir(ean) den ghuth fhulangach a tha thu a' faicinn san teacsa.

6. Sgrìobh sìos eisimpleir(ean) den tuiséal ghinideach a tha thu a' faicinn san teacsa.

6. Carson a dhèanadh tu...? | Why would you do...?

Sgrìobh  - Leugh na seantansan seo agus innis dhuinn carson nach dèan na daoine na rudan a tha iad ag ràdh.

Uilleam: Chan ith mi an fheòil sin. Tha mi a' smaoineachadh gu bheil i amh.

Sìm: Cha tog mi taigh air an làraich sin. Tha i ro fhaisg air a' mhuir.

Màiri: Chan fhaigh mi an obair. Chan eil for-cheum agam agus tha iad ag iarraidh sin.


Sorcha: Cha ghluais sinn am-bliadhna. Cha do cheannaich sinn taigh ùr fhathast.

Gillebrìde: Cha cheannaich mi fòn ùr. Chan eil feum agam air fear ùr fhathast.

1. Carson nach ith Uilleam an fheòil?
2. Carson nach tog Sìm taigh air an làraich?
3. Carson nach faigh Màiri an obair?
4. Carson nach gluais Sorcha am-bliadhna?
5. Carson nach ceannaich Gillebrìde fòn ùr?

Air sgàth 's

7. Dè thachradh nan...? | Why would happen if...?

Sgrìobh  an sgeulachd seo a-rithist leis na gnìomhairean uile san tràth chumhach. *Ma gheibh mi obair ùr as t-samhradh, bidh mi air mo dhòigh glan. Ceannaichidh mi aodach ùr air mo shon fhèin agus nuair a thèid mi a-mach còmhla ri caraidean air an oidhche ceannaichidh mi deochan dhaibh. Nì mi barrachd chur-seachadan air an deireadh-sheachdain mura bi mi ro thrang le mo bhràmar ùr.*

8. Ga mhilleadh | Destroying it

Sgrìobh  - A bheil na seantansan seo gnìomhach no fulangach? Sgrìobh **GN** ris an fheadhainn a tha **gnìomhach** agus **F** ris an fheadhainn a tha **fulangach**.

1. Bidh Màiri gar faicinn aig a' chuirm-chiùil a-nochd fhathast. ____
2. Tha mi a' smaoinichadh gu bheil an uinneag ga briseadh gu tric. ____
3. Bidh na taighean gan togail ann am meadhan na pàirce mòire thall an sin. ____
4. Saoilidh mi gum bi an riaghaltas ga ghlèidheadh a-nis. ____
5. Chanainn gum biodh an dotair gam faicinn aig deireadh an latha. ____
6. Nach eil an t-eilean ga chleachdadh tuilleadh? ____

Sgrìobh  - Am b' urrainn dhut na seantansan gnìomhach bhon chiad eacarsaich a chur dhan ghuth fhulangach?

- _____
- _____
- _____

1 - So-sheasmhachd | Sustainability

FACLAN MATHA	FACLAN NACH EIL MATH
ath-chuairteachadh	dì-choillteachadh
lùth-gaoithe	connadh fosail
ath-choillteachadh	peatrail
lùth an làin	plastaig
seasmhach	tart
lùth-grèine	ola

2 - Dè dhèanadh feum? | What would help?

1. Cha dèanadh. Dhèanadh daithead le barrachd feòla cron air an àrainneachd.
2. Dhèanadh daithead le barrachd lusan feum dhan àrainneachd.
3. Cha dèanadh. Cha dèanadh e cron air an àrainneachd nan cleachdadh barrachd dhaoine càraichean dealain, ach bhiodh e na b' fheàrr mura biodh an leithid de chàraichean air na rathaidean.
4. 'S e ola is connadh fosail na rudan as motha a dhèanadh barrachd cron air an àrainneachd.
5. Dhèanadh. Dhèanadh barrachd plastaig milleadh air an àrainneachd.

4 - Bu chòir | Should

1. Am bu chòir dhomh càr ùr dealain fhaighinn?
2. Càit am bu chòir dhomh càr dealain a cheannach?
3. Ciamar a bu chòir dhomh a cheannach?
4. Carson a bu chòir dhomh càr dealain fhaighinn?

5 - Tobar an Dualchais | Kist o' Riches

1. Airson taighean ùra a thogail
2. Clòimh nan caorach
3. Còrr is trì fichead
4. Fear-Stiùiridh Roinn nan Seirbhisean Teicnigeach.
5. Seòrsa thogalaichean a bhathas ag obair air.
6. Clòimh nan caorach | A thaobh na h-àrainneachd

6 - Carson a dhèanadh tu...? | Why would you do...?

1. Air sgàth 's gu bheil an fheòil amh.
2. Air sgàth 's gu bheil i ro fhaisg air a' mhuir.
3. Chan fhaigh Màiri an obair oir chan eil for-cheum aice.
4. Air sgàth 's nach do cheannaich iad taigh ùr fhathast.
5. Air sgàth 's nach eil feum aige air fear ùr fhathast.

7 - Dè thachradh nan...? | Why would happen if...?

Nam faighinn obair ùr as t-samhradh, **bhithinn** air mo dhòigh glan. **Cheannaichinn** aodach ùr air mo shon fhèin agus nuair a **rachainn** a-mach còmhla ri caraidean air an oidhche **cheannaichinn** deochan dhaibh. **Dhèanainn** barrachd chur-seachadan air an deireadh-sheachdain **mura bhithinn** ro thrang le mo bhràmar ùr.

8 - Ga mhilleadh | Destroying it

1. Bidh Màiri gar faicinn aig a' chuirm-chiùil a-nochd fhathast. **GN**
 2. Tha mi a' smaoinichadh gu bheil an uinneag ga briseadh gu tric. **F**
 3. Bhiodh na taighean gan togail ann am meadhan na pàirce mòire thall an sin. **F**
 4. Saoilidh mi gum bi an riaghaltas ga ghlèidheadh a-nis. **GN**
 5. Chanainn gum biodh an dotair gam faicinn aig deireadh an latha. **GN**
 6. Nach eil an t-eilean ga chleachdadh a-nis? **F**
- Bidh sinn gar faicinn aig a' chuirm-chiùil a-nochd fhathast.
 - Saoilidh mi gum bi e ga ghlèidheadh a-nis.
 - Chanainn gum biodh iad gam faicinn aig deireadh an latha.